

Bòrd MG ALBA

Oifis MG ALBA, Steòrnabhagh
Diardaoin 27/9/18, 0900-1300

Dreach gearr-chunntas

Bòrd: Magaidd Choineagan (*sa Chathair*) Màiri Kidd (*air Skype*)
 Iain Stephen Moireasdan Donaidh MacAmhlaidh
 Catriona Nic a' Phì Jo NicDhòmhnail
 Dùghall MacAmhlaigh

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul, Àrd-Oifigear
 Iseabail Nic an t-Sagairt, Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan (*air Skype*)
 Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh gearr-chunntas*)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA (*airson puingean 8 chun
 deireadh a thuilleadh air 10*)

Chaidh beannachdan a chuir gu ruige an Stiùiriche Ionmhais a tha far obair an-dràsta.

1. Leisgeulan

Calum MacFhearghais, Daibhidh Brew.

2. Gnothaichean Dearbhte

Mhìnich Jo NicDhòmhnail gu robh i na comhairliche air prògram mu chall an lolaire, a thuilleadh air gun do dh'iarr Radio nan Gàidheal oirre pàirt a ghabhail ann am prògraman mun lolaire oidhche na Bliadhna Ùire. Tha an dà phrògram seo maoinichte leis a' BhBC.

3. Gearr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

- a) 7/6/18 – aontaichte.
- b) Gnothaichean ag èirigh – chaidh iad seo a chomharrachadh.

4. Aithrisean

a) Aithris bhon Chathraiche

Dh'innis an Cathraiche gu robh i air coinneachadh le Stiùiriche nan Dùthchann aig a' BhBC agus air sgrìobhadh thuige, a' moladh: (a) gum pàigheadh am BBC airson cosgaisean ruith seanail MG ALBA; (b) gun deigheadh BBC ALBA a chur air slighe gu HD; agus (c) gun cuireadh am BBC taic ri pròiseact SpeakGaelic airson stuthan ùra ionnsachaidh. Dh'iarr i gun cumadh Bòrd na Co-bhanntachd a' putadh gus na nithean seo a thoirt gu buil agus na còmhradhean a chumail a' dol leis a' BhBC. Mura biodh seo comasach taobh a-staigh na bliadhna ionmhais seo, bu chòir a phutadh airson na h-ath bhliadhna.

Dh'ainmich an Cathraiche cho math 's a chaidh sgrìonadh a' phrògram *An t-Eilean* san Eilean Sgitheanach air 13/9/18. B' e oidhche mhath, shoirbheachail a bh' ann agus chaidh taing a thoirt don riochdaire agus do sgioba MG ALBA.

b) Aithris bho Chomataidh Inbhean (5/9/18)

Bha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh fa chomhair nam ball. Thug Iain Stephen Moireasdan, Iar-Chathraiche, a bha sa chathair air a' choinneamh, iomradh air. Ghabh buill fa-near.

c) Aithris bho Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh (6/9/18)

Bha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh fa chomhair nam ball agus thug Donaidh MacAmhlaidh, Iar-Chathraiche na Comataidh iomradh air. Ghabh buill fa-near.

d) Aithris bho Chomataidh Ainmeachaidh (15/6/18)

Thug an Cathraiche iomradh air a' choinneamh. B' e am puing còmhraidh as motha a bh' aig a' Chomataidh cuir an dreuchd cathraiche ùr na buidhne. Chaidh innse gun do ghabh na h-agallamhan àite ach gum biodh co-dhiù mìos mus bi cathraiche ùr an dreuchd. San eadar ama, chaidh aontachadh ùghdaras a' Chathraiche ann an gnothaichean ionmhasail a thiomnadh gu Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh agus ùghdaras a' Chathraiche mar labhraiche na buidhne a thiomnadh gu Cathraiche Chomataidh Inbhean. Chomharraich Cathraiche Chomataidh Inbhean gu robh i gu bhith a-mach às an dùthaich airson greis agus chaidh aontachadh gum biodh an t-Àrd-Oifigeir a' bruidhinn às leth a' bhùird.

5. Cunntasan Stiùiridh

Bha pasgan cunntasachd Q1 2018/19 air beulaibh bhall agus thug iad fa-near.

6. Aithisg an t-Àrd-Oifigeir

Bha aithisg ràitheil, le lèirmheas agus a' togail gnothaichean cudromach nach eil sa chlàr-gnothaich, air beulaibh bhall agus ghabh na buill fa-near.

Mhìnich an t-Àrd-Oifigeir gur e an rud as dùbhланаich gu bheil ruigse na seanail an lùib luchd-cleachdaidh na Gàidhlig aig an ìre as ìsle a-riamh bhon a thòisich an t-seanail ach le dùil gun tig àrdachadh air an sin le clàr ùr foghair air BBC ALBA. 'S e dùbhlann dhan a h-uile seanail a tha ann an lùghdachadh ruigse telebhisein. Chaidh a chomharrachadh nach eileas a' call luchd-amhairc gu h-iomlan thairis air gach ùrlar, agus ri linn sin tha e riatanach gun tèid barrachd is barrachd cuideam a chuir air stuthan a tha freagarrach airson nam meadhanan didseatach agus gun tèid spionnadh agus goireas a chuir ri na diofar ùrlaran didseatach ann an dòigh glic agus ro-innleachdail.

Mhìnich e cuideachd gu bheil cuideam air roinn gnothachais air fàs gu mòr, ri linn meudachadh mòr ann an iarrtasan airson diofar sheòrsaichean chùmhnanntan phrògraman co-maoinichte agus stuthan air-loidhne agus meudachadh ann an uallaichean riaghlachas chorporra nach bu chòir a bhith tuiteam orra nam biodh taic iomchaidh ann.

Chaidh ceist a thogail, ri linn an àireamh de luchd-amhairc a' crìonadh, dè na gnìomhan a th' aig a' bhuidheann agus bheileas a' dèanamh an rud ceart a thaobh a bhith a' tàladh luchd-amhairc chun na seanail. Chaidh innse gu bheileas daonnan a' coimhead ri coimiseanadh agus ris a' chlàr ann an dòigh sùbailte gus frithealadh ann an dòighean ùra a dhèanamh air luchd-amais, leithid le comadaidh ùr Func. Tha an Aonad Dhidseatach aig cridhe a' ghluasaid seo, a libhrigeadh stuthan, ann an cruthan agus ann an fadan eadar-dhealaichte, don t-seanail agus air-loidhne. Cuidichidh seo cuideachd ann a bhith a' tàladh dhaoine òga. Chaidh aithneachadh gun robh e deatamach a bhith a' cunntadh a h-uile sealladh air gach ùrlar a-nis.

Chaidh ceist a thogail, ri linn àrainneachd atharrachail craolaidh, an robh an t-àm ann a dhol an sàs ann an còmhraidhean gus briathran a bha san Achd Craolaidh 2003 ùrachadh, gus a dhèanamh soilleir gu bheileas a' cruthachadh barrachd a-nis na dìreach prògraman telebhisein. Chaidh aontachadh nach robh feum air seo an ceartuair ach gum bu chòir don bhuidheann a bhith deiseil gluasad air an seo nuair a bhiodh sin freagarrach.

Mhinich an t-Àrd-Oifigear gu robh an Leas-Phrìomh Mhinisteir, John Swinney, BPA air sgrìobhadh ag iarraidh air MG ALBA ceannardas a ghabhail ann an cuid de dh'oidhirpean co-cheangailte ri cur-an-gnìomh a' Phlana Nàiseanta Cànain, co-cheangailte ri *Digital Learning & Media agus Participation, Usage and Learner Support*. An dèidh deasbaid chaidh aontachadh gun dèanadh am buidheann a h-uile dìcheall taic a chuir chun iomairt ach nach b' e uallach na buidhne a bh' ann a bhith cunntachail airson nan nithean seo. Chaidh aontachadh gum biodh e feumail paipear a sgrìobhadh a' mìneachadh prìomh obair agus rointean obrach na buidhne sna nithean seo. (Gnìomh: DC)

A thaobh taic phoilitigeach, chaidh daingneachadh gu bheil taic aig BBC ALBA agus gun dheigheadh obair a dhèanamh an tuilleadh dhàimhean a thogail le luchd-buaidh.

7. Clàr Riosgan

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh a) nach eil Clàr Riosgan air beulaibh a' Bhùird an turas seo ri linn 's gu bheileas ag ùrachadh cumadh às dèidh an Sgrùdadh In-thaigh ach b) gu robh aona riosg dha thoirt gu aire a' Bhùird, a chaidh a chomharrachadh aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh – gu bheil e soilleir gu feum goireas in-taigh a bharrachd a chur mu choinneimh coileantachd riaghlachas chorporra na buidhne. Le siostam chòirichean a' ghnìomhachais iarrtach agus a thuilleadh air a bhith ag aontachadh leithid cùmhnant ùr ball-coise nam ban, a tha gu math eadar-dhealaichte bho rud sam bith a bha ann ron an seo agus bhathas a' moladh neartachadh a dhèanamh ann an roinn obrach chorporra gus na roinnean ionmhasail agus ghnothachais a shaoradh gu h-iomlan airson taic a chur ri frithealadh luchd-cleachdaidh. Thèid seo a dheasbad fo phuuing 17b.

Chaidh innse cuideachd gu robh Bòrd na Co-bhanntachd air cumadh ùr de Chlàr Riosgan na Co-bhanntachd aontachadh agus thèid beachdachadh air ciamar, taobh a-staigh Clàr Riosgan, as urrain a bhith mothachail air an sin.

Chaidh còmhradh a chumail mu Phoileasaidh *Innsearachd* na buidhne agus chaidh aontachadh a) ainm a' phoileasaidh atharrachadh; b) leasachadh a dhèanamh air a' phoileasaidh fhèin; c) dèanamh cinnteach gu bheil comas furasta aig luchd-obrach dad a thogail agus gu bheil dòigh clàraidh ann airson nithean sam bith a thèid an togail; d) gun deigheadh còmhradh a chumail aig coinneamhan ràitheil luchd-obrach gus a chumail ann an smuaintean dhaoine. (Gnìomh: DC)

Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha e gun tèid togail air ìre mothachaidh slàinte-inntinn taobh a staigh na buidhne gus am bi e a' faighinn an aona ìre mothachaidh ri tinneas bodhaig agus gum bi e mar phàirt den phròiseas measaidh. (Gnìomh: DC)

8. Slat-tomhais agus frèam measaidh phrògraman

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sealltainn soirbheas phrògraman le luchd-cleachdaidh agus rinn an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan aithris. Ghabh buill fa-near.

9. Lèirsinn 2021

Bha dealbh air adhartas le Lèirsinn 2021 fa chomhair nam ball agus rinn an Stiùiriche Roinnleachd is Co-bhanntachd aithris. Chaidh còmhradh a chumail a thaobh Amas 1 (Seirbheis coileanta son luchd na Gàidhlig). Tha deagh thoiseachd tòiseachaidh air a bhith ann le na h-ùrlaran didseatach ach le fios gu robh an tuilleadh ri dhèanamh. Ag amas air YouTube ro dheireadh na bliadhna, thathas dòchasach gun tigeadh piseach a bharrachd air cùisean.

A thaobh iomairt ionnsachaidh, chaidh innse gun deach SpeakGaelic a mholadh gu Bòrd na Co-bhanntachd le dòchas gun tig piseach air an seo.

Chaidh an cothrom a tha an lùib spòrs nam ban a chomharrachadh. Le Cànan air cùmhnant airson UGC a leasachadh a ghlèidheadh, tha dòchas ann gun tig piseach san roinn seo. Chaidh còmhradh a chumail mu bhuidh air cultar nan companaidhean riochdachaidh. Chaidh innse gu bheil am modail obrachaidh gus na companaidhean a dhèanamh nas soirbheachail a thaobh buaidh san RA agus gu h-eadar-nàiseanta ag obair gu math ach gu feumar a bhith foighidneach – tha obair mhath air tachairt thairis air na bliadhnaichean a dh'fhalbh ach le tuilleadh ùine is obrach thig piseach a bharrachd air. Chaidh a chomharrachadh gu feumar taic a chuir riutha gus am bi an tuilleadh *return* aig na companaidhean.

Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air a' Cheannard Seirbheis agus an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd airson an cuid obrach gus na h-uiread de phrògraman co-mhaoinichte a thoirt gu buil.

10. Plana buaidh 2021/22: Lèirmheas meadhan-teirm cairt a' BhBC

Bha pàipear air beulaibh bhall ag iarraidh air buill aontachadh am bu chòir, no nach bu chòir, MG ALBA a bhith a' cosg spionnadh, airgead is goireas ann a bhith a' coiteachadh a' BhBC agus na Riaghaltasan airson na leanas a chosnadh aig leth-ùine Cairt Rìoghail a' BhBC ann an 2021/22: a) co-ionannachd spèis agus co-ionannachd prionnsabal airson BBC ALBA an coimeas ri S4C; b) poileasaidh airson nam mion-chànanan a bhith sgrìobhte a-steach do Chairt Rìoghail a' BhBC agus c) an t-airgead a tha am BBC a' cosg air na meadhanan Gàidhlig air gach ùrlar a mheudachadh gu [aon trian] de na tha am BBC a' cosg air na meadhanan Cuimris.

Bha ceist air buill mura biodh an t-uallach a' tuiteam air MG ALBA airson nan nithean seo, cò air a bu chòir an t-uallach tuiteam? Bha ceist cuideachd ann ciamar a bu chòir do MG ALBA a dhol mu thimcheall gus goireas agus spionnadh a chur ris an iomairt, me, le bhith a' fastadh chomhairlichean, no le oidhirp in-taigh agus le luchd-ùidh, no an dà chuid.

Nochd dithis bhall ceist mu dè cho iomchaidh 's a bhiodh e a bhith a' cleachdadh airgead poblach ann a bhith a' fastadh luchd-coiteachaidh, agus chaidh innse gun robh e comasach gu laghail agus gun robh craoladairean poblach eile ga dhèanamh.

An dèidh deasbaid, chaidh aontachadh gun deigheadh pàipear a sgrìobhadh airson na h-ath choinneimh le roghainnean (options appraisal) air a) dè dha rìribh tha sinn airson a choileanadh; (b) an robh roghainnean ro-innleachdail eile ann airson a bhith dèanamh cinnteach gu ruigeadh ar guthan an luchd-amais; (c) dè dha-rìribh a bhiodhamaid a' sùileachadh bho chomhairlichean bhon taobh a-muigh; (d) ciamar a dhèanamaid manaidseadh air an sin agus (e) ciamar a dheigheadh sin a thomhas. (Gnìomh: DC)

Bha buill làidir den bheachd gu robh àite air leth cudromach aig Ofcom san t-suidheachadh agus gum biodh e riatanach taic Ofcom fhaighinn.

11. Adhartas le na 10 pròiseactan

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mu 1) iomairt SpeakGaelic; 2) clàr de na 10 pròiseactan air a bheileas ag obair ann an co-bhanntachd leis a' BhBC; agus 3) fiosrachadh mu mhodailean co-obrachaidh. Ghabh buill fa-near agus thug iad taing sònraichte don Cheannard Seirbheis agus don Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan airson an cuid obrach air na modailean co-obrachaidh agus a bhith a' gluasad a dh'ionnsaigh na pròiseactan ann an da-rìribh.

12. Molaidhean bho Bhuidheann Obrach BBC/MG ALBA air seirbheisean taic

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh mun sgrùdadh air na seirbheisean taic a tha MG ALBA a' libhrigeadh do BhBC ALBA a chaidh a dhèanamh (aithisg McEnergy). Chaidh innse gu robh na leasachaidhean a bhathas a' moladh an urra ri siostaman agus uidheamachd ùr BBC Scotland, ach cha bhi sin comasach air na leasachaidhean a bha san amhairc a thabhann ron àm seo an ath-bhliadhna. Leanaidh obair air èifeachdas sruthan obrach nam fo-thiotalan, agus aig an t-àm seo an ath bhliadhna bidh co-dhùnidhean ann mu: 1) bheil e comasach gluasad gu fo-thiotalan fèin obraichte (automated subtitles); agus 2) bheil e comasach BBC ALBA a ghluasad gu libhrigeadh beò (live presentation). Thug buill fa-near agus thèid tilleadh chun a' chuspair san t-Sultain 2019. (Gnìomh: DC)

13. Co-bhanntachd Ionnsachaidh / LearnGaelic

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh. Eadar MG ALBA, BBC, Bòrd na Gàidhlig agus SMO thathas air aontachadh obair mu choinneimh aon ro-innleachd airson ionnsachadh inbhich, agus thèid dreuchdan a chur ris. Bidh brannd LearnGaelic aig teis-mheadhan na h-oidhirp agus thathas a' dèanamh tagradh don BhBC airson cruthachadh stuthan ùra ionnsachaidh, fon bhratach SpeakGaelic, agus thathas a' feitheamh ri freagairt prionnsabalach mun sin.

Chaidh fàilte a chuir air a' ghluasad seo ach chaidh cuideachd dragh a nochdadh mu cheannardas na h-iomairt. Ged a tha buidheann-stiùiridh os cionn nithean, feumar fuasgladh fhaighinn gus dèanamh cinnteach gu bheil sealbh aig aon neach air a' phròiseact. (Gnìomh: DC).

14. Cùmhnantan airson aonta a' Bhùird (seachad air £100k san uair)

A rèir riaghailtean ionmhasail MG ALBA, feumaidh cosgais air prògraman nas àirde na £100k san uair, aonta a' Bhùird.

Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta a' Bhùird airson "Cèilidh na Bliadhna Ùire 2018", prògram dà uair a thide le BBC Gàidhlig aig cosgais [fiosrachadh air a ghlèidheadh] (no cosgais [fiosrachadh air a ghlèidheadh] gach uair). Chaidh seo aontachadh.

Chaidh aontachadh nam biodh cead dha shireadh an ath-bhliadhna airson a leithid gum bu chòir a chuir air beulaibh a' bhùird nas tràithe na coinneamh na Sultaine (Gnìomh: IMT).

15. Plana Leasachaidh a' Bhùird

Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh gnìomhan leasachaidh airson a' bhùird agus na buidhne.

Chaidh am plana aontachadh.

- 16. Cuireadh gu Tagradh – Seirbhisean Luchd-sgrùdaidh**
Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh. Chaidh coinneachadh leis an dà thagraiche air 20/9/18 agus chaidh am measadh a rèir slatan tomhais. Ged a bha farpais gu math faisg ann eadar an dà chompanaidh, cho-dhùin a’ phanal agallaimh gun toireadh Saffery Champness rudeigin ùr dhan bhuidheann agus bha iad a’ moladh iad a chuir an sàs mar luchd-sgrùdaidh na buidhne. Chaidh aontachadh aonta Ofcom a shireadh agus an uair sin cùmhnant 3 bliadhna + roghainn sìnidh 2 bhliadhna a chur an gnìomh gus Saffery Champness a chuir an sàs. (Gnìomh: NMG)
- 17a. Gnothaichean Riaghlaidh – a’ tiomnadh ùghdarras**
Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh. Bidh dreuchd a’ Chathraiche bàn bho 1/10/18 gus an cur Ofcom neach an gnìomh. Bha moladh air beulaibh bhall 1) ùghdarras a’ Chathraiche ann an gnothaichean ionmhasail, agus gabhail pàirt ann am prògraman, a thiomnadh gu Cathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh 2) ùghdarras a’ Chathraiche mar labhraiche na buidhne a thiomnadh gu Cathraiche Chomataidh Inbhean agus c) ùghdarras airson a bhith (1) a’ gairm choinneimhean èiginneach agus (b) airson a bhith a’ làimhseachadh gnothaichean èiginneach a thiomnadh chun an dà Chathraiche Comataidh ag obair còmhla, no a rèir èiginn chon an neach as freagarraiche a rèir beachd an Àird-Oifigeir aig an àm. Chaidh seo aontachadh.
- 17b. Gnothaichean Riaghlaidh – fastadh Oifigeir Chorporra**
Bha pàipear air beulaibh bhall a’ moladh - ri linn gun tèid obair roinn ghnòthachais a theannachadh gu bhith gu h-iomlan a’ frithealadh feumalachdan choimiseanaidh - gun tèid neach fhadhadh le sgilean riaghlachais corporra agus am biodh nan taic ris an sgioba àrd-stiùiridh. Chaidh seo aontachadh.
- 17c. Gnothaichean Riaghlaidh – Poiliseadh Solarachaidh agus Sgeama Thairgse**
Bha pàipear agus poileasaidh air beulaibh bhall a’ sireadh aonta a’ Bhùird às dèidh lèirmheas Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh. Mhol a’ Chomataidh gum bu chòir dhan phoileasaidh a bhith air ath-sgrìobhadh an ceann bliadhna, ann an riochd nas cuideachaile do luchd-obrach ach san eadar-ama, bha an tionndadh seo a’ gabhail a-steach atharraichean beaga a chaidh a mholadh agus an cuir an sàs. Dh’aontaich buill ri a h-atharrachaidhean agus thèid gabhail leis a’ phoileasaidh agus thèid fhoillseachadh air làrach-lìn na buidhne. (Gnìomh: MAMI). Thèid coimhead ris a-rithist airson ath-sgrìobhadh an ath-bhliadhna. (Gnìomh: MAMI).
- 17d. Gnothaichean Riaghlaidh – Còd Giùlain nam Ball**
Bha pàipear agus poileasaidh air beulaibh bhall a’ sireadh aonta a’ Bhùird às dèidh do Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh lèirmheas a chumail agus ùrachadh a dhèanamh air briathrachas. Dh’aontaich buill ri a h-atharrachaidhean agus thèid gabhail ris a’ phoileasaidh agus thèid fhoillseachadh air làrach-lìn na buidhne. (Gnìomh: MAMI).
- 18. Aithisgean dèanadais – Q1 2018/19**
Bha aithisgean ràitheil a) Ionmhas b) BBC ALBA c) Air-loidhne agus na Meadhanan Sòisealta agus d) fiosrachadh air prògraman co-mhaoinichte. Ghabh buill fa-near.
- 19. GISBE**
Chaidh dearbhadh gum biodh am Morair Duncan a’ cumail aoi gheachd airson a’ chiad 10 bliadhna de BhBC ALBA aig Oifis na h-Alba, Taigh Dòbhair, Lunnainn air 21/11/18. Chaidh brosnachadh a thoirt do bhuill a bhith an làthair nam biodh e idir comasach.

Le seo a' choinneamh mu dheireadh aig a' Chathraiche, thug i seachad taing chun bhùird agus gu na h-oifigearan airson an cuid obrach agus coibhneas thairis air na bliadhnaichean. Thuir i gu robh e na thlachd a bhith ag obair còmhla ri bòrd agus luchd-obrach cho sònraichte, a bha air uiread de dheagh obair a choileanadh, agus gu robh am buidheann agus am bòrd mar deagh eisimpleir de ciamar a bu chòir bhuidheann a bhith. Thug i taing airson an tiodhlac agus an dìneir an oidhche roimhe agus ghuidh i gach maith don bhuidheann a' dol air adhart.

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: